

Fèin-choileanadh

Fèin-choileanadh Twitter: 'Tha gaol agam air an rannsachadh a dhèanamh an rannsachadh a dhèanamh an ranns...'

'Tha eud agam air an rannsachadh a dhèanamh an rannsachadh a dhèanamh an ranns...'

'Tha eagal orm air an ranns...'

Tri rudan a thig gun iarraidh:
an t-eagal an t-eudach 's an gaol,
joke mu Albannach Cuimreach 's Eireannach,
tri feannagan air bhall'

a' coimhead air beathach bronnach
air seabhaidh on a threud,
a' cabadaich air de dh'itheas iad
de dh'fhàgas iad, de ghlèidheas.

'Eil eud agam air an Eisteddfod
no air ur 'dubh' cho 'du' ri 'dubh'?
'Eil eagal orm air na h-aireamhan agad,
eagal ron 'w'?

Tha 'grà' cho laidir agad,
's tu 'dèanamh na rudan beaga',
Tha nuachaintoirí B1,2,3 agad
a' cur air fainnean 's cromagan orainnse

ann am pop-up gaeltachtaí.
A bheil an gaol seo gu brìth?
Chan e sgàthan a th' uainnean no sèisd.
Cha chreid mi gu bheil sinn dìl,

ge bith 's toil leum tàtu fhaighinn dhìot
air an litreachadh às a chiall:
Mairidh gaol 's rudeigineach.
Ged a thig crìoch air an t-saoghal.

Tri rudan a thig gun iarraidh:
an t-eagal an t-eudach 's an gaol.
Thig uair sam bith a mhiannas tu,
gun eagal 's gu mall.

Comunn

Tha mo mhàthair air falbh ann an *hpzz*,
's tha feum aice fònadh air ais air a' mhobile:
tha an dealain dheth air feadh Leòdhais,
agus ged a bha i ag innse dhomh mu bhuill

a' Chomuinn Eachdraidh 's na lunchan tìodhlacaidh,
a-nis chan eil i idir toirt feart sam bith dhomh,
's cha mhòr nach eil mi ga faicinn aig an uinneig
a' coimhead air na snàithean dorch' a' tòrradh sa bhaile,

a' breacadh dubhghorm an t-slaod dhan traigh,
's i na tost, seach *hum* is *haugh*,
's na toirdsichean 's lòchrain a' lannraich - dhà, tri -
thar Baile an Truiseil 's Mullach an Tòil.

Ma tha thu air ruighinn cho fada seo

Ma tha thu air ruighinn cho fada seo,
's cinnteach gun d'fhuair thu iasad air baidhg
gus rathad na mòine a ghabhail, seachad
air an loch 's a' chrannóg, tro na muilnean-gaoithe,

's tarsainn na mòinteach gu far am bi na Klondykers
gu bràth air acair far a' chosta,
far an do chuir thu romhad fàgail,
le do mhàla-droma làn ìomhaighean d'òige -

pacaid *Space Raiders*, briogais corduroy,
catalog *Freeman's* agus *Great Universal*,
faclan mallachd Ruiseanach 's Gearmailteach
ann an leabhraichean Sven Hassel -

agus tro theudagan optic, cheanglaichean trèan deann,
theicneòlas choimpiutair 's saideal,
bhriseadh casgan-astar, agus *doublethink*,
fhuair thu lorg air an t-sràid seo, sràid bhaile làn sgudail;

air a' chabhsair taobh a-muigh an dorais
bidh thu air am baidhg fhàgail, a chuibhle
a' dol tuathail ann an tàmh an adhair,
anns a' h-àr, ann an eachdraidh chultarail a' h-àir.

Ma tha thu air ruighinn cho fada seo,
's cinnteach gun do dh'atharraich thu gu tur
cò thu, do chànain a mhalairt air adhart 's air ais
aig ciad comharra bhagraidh no chunnairt

gu rudeigin còltach ri cainnt do mhàthar
rudeigin air an robh thu eòlach o d'òige,
agus tha agad ri aideachadh ann an tais
an sior-chiaraidh nach do dh'fhuasgail thu fhèin

le na h-uidhir de dhaoine sa bhiodh tu 'g iarraidh.
Bidh do chraiceann na bhroth le luasganan
cuimhne 's ciont' airson peacaidhean
agad fhèin no acasan an aghaidh an t-solais.

Ach seo uile 's urrainn dhut caitheamh a-mach
mar dhearmail mhòr mu rud beag:
ma tha thu air ruighinn cho fada seo
thu air ionnsachadh a bhith dèiligeadh

ri leòntan fosgailte mar eàrran,
gun a bhith sùileachadh an còrr.
Leig seachad na tha curs, na tha rèidh.
Ma tha thu air ruighinn cho fada seo, sin fada gu leòr.